

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



Please scroll down for English Version

Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig airson 2018-2023 air fhoillseachadh

Bidh am Plana ri fhaotainn air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig as dèidh 3f Diciadain 28mh Màrt aig <http://www.gaidhlig.scot/ga/bord/the-national-gaelic-language-plan/>

Chaidh am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig ùr fhoillseachadh aig Pàrlamaid na h-Alba an-diugh (Diciadain 28 Màrt), Plana a tha a' sealltainn mar a thèid fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba.

'S e prìomh amas a' Phlana, gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean. Tha na prìomh theachdaireachdan, amasan, raointean leasachaidh agus geallaidhean ùra a chithear sa Phlana uile a' toirt taic don àrd-amas seo gum bi Gàidhlig air a cleachdadh barrachd. Am measg prìomh theachdaireachdan is amasan a' Phlana tha:

- Gum buin a' Ghàidhlig do dh'Alba air fad
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig; agus
- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig

Thuir Iain Swinney, an Leas Phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam is Sgilean, agus e a' cur fàilte air a' Phlana: "Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig ùr seo fhoillseachadh a tha a' sealltainn mar a tha a' Ghàidhlig a' cur ri iomadh pàirt de bheatha muinntir na h-Alba ann an dòighean sònraichte agus cudromach. Tha e riatanach gum bi prìomh amasan aontaichte againn a tha soilleir agus gun cùm sinn oirnn ag obair còmhla gus àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh agus a' cleachdadh a' chàin. Bu mhath leam moladh a dhèanamh air an obair a rinn Bòrd na Gàidhlig le bhith ag ullachadh a' Phlana seo agus tha mi a' coimhead air adhart, thairis air an ath chòig bliadhna, ri bhith a' faicinn mar a thèid na cothroman a ghabhail a tha air an comharrachadh sa Phlana airson co-obrachaidh, airson adhartas a dhèanamh agus airson iomairtean lèirsinneach a chur an sàs."

Ann a bhith ullachadh a' Phlana còig-bliadhna seo, chaidh beachdan a shireadh bho dhaoine, coimhearsnachdan, buidhnean Gàidhlig, buidhnean saor-thoileach, agus ùghdarrasan poblach mar phàirt de cho-chomhairleachadh farsaing a chaidh a chumail. Seo an treas Plana Nàiseanta aig Bòrd na Gàidhlig – a' bhuidheann phoblach ris a bheil e an urra a' Ghàidhlig a chur air adhart agus piseach a thoirt air cor a' chàin ann an Alba.

Thuir Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Ailean Dòmhnallach: "Leis a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig airson 2018-2023 thathar ag amas air Gàidhlig a thoirt air adhart air feadh Alba. Tha e gu math freagarrach, agus sinn a' comharrachadh Bliadhna na h-Òigridh an-dràsta, gu bheil tòrr de na prìomh amasan is geallaidhean ag amas air àrdachadh a thoirt air an àireamh de dhaoine òga a tha ag ionnsachadh is a' cleachdadh na Gàidhlig."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



“Bidh Bòrd na Gàidhlig, le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus bho luchd-poilitigs bho gach pàrtaidh, ag obair còmhla ri luchd-compàirt is coimhearsnachdan air an dùthaich agus sna bailtean gus an cànan a chur air adhart air feadh Alba. Thèid gach cothrom a ghabhail far an urrainn don Ghàidhlig cur ri fàs ann an eaconamaidh na h-Alba tro ghnòthachas, foghlam, foillseachadh, na h-ealain, litreachas, dràma, na meadhanan agus ceòl. Nì sin cinnteach gun tig a’ Ghàidhlig am feabhas sna bliadhnaichean a tha romhainn.”

Am measg nam prìomh raointean leasachaidh a bhios ann thairis air an ath chòig bliadhna tha:

- Iomairtean a bhios a’ brosnachadh dhaoine òga gu bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig
- Bidh a’ Ghàidhlig a’ cur barrachd luach ri eaconamaidh na h-Alba air feadh dhiofar roinnean
- Thèid leudachadh a thoirt air an iarrrtas a th’ ann airson foghlam Gàidhlig agus air na th’ ann de chothroman air foghlam Gàidhlig
- Thèid adhartas a dhèanamh le bhith a’ trusadh, a’ gleidheadh, a’ trèanadh agus a’ solarachadh luchd-obrach airson Foghlam tron Ghàidhlig
- Gàidhlig san teaghlach
- Thèid Planaichean Gàidhlig a dhealbhadh is a chur an gnìomh le buidhnean poblach; agus
- A’ dèanamh follaiseach luach sòisealta, eaconamach is cultarach na Gàidhlig

Am measg nam buidhnean a chuir fàilte air a’ Phlana bha Comhairle nan Eilean Siar.

Thuir Neach-gairm na Comhairle, Tormod A Dòmhnallach: “Ged a tha dùbhlain mar coinneimh ann an dàimh ri àireamh-sluagh, taigheadas agus cosnaidhean tha a’ Chomhairle air brath a ghabhail air na cothroman ùra tro sgeamaichean riaghaltais leithid Sgeama Phreantasachd far a bheil misneachd ga thoirt do dh’ òigridh nan eilean cosnadh fhaighinn fhad `s a tha iad a’ toirt a-mach ceum ann an cuspair a bhios ùiseil san àm ri teachd. Tha a’ Chomhairle cuideachd an dòchas cothrom a ghabhail air Sgeama Taigheadas Riaghaltas na h-Alba far an tèid barrachd thaighean a thogail ann an coimhearsnachdan air feadh nan eilean. Tha fàisg air trì chairteal de dh’ fhearann na h-Eileanan an Iar a-nis ann an làmhnan nan coimhearsnachdan agus tha sinn air dearbhadh fhaighinn air a’ bhuidhean a th’ann dha coimhearsnachdan smachd a bhith aca air an fhearann aca fhèin agus a’ mhisneachd a tha seo a’ togail, an dà chuid a thaobh fèin-aithne agus mar a tha coimhearsnachdan a’ greimeachadh ri cudromachd chànan is chultair nan sgìrean aca fhèin.

“Tha a’ Chomhairle a’ cur fàilte air a’ Phlana Nàiseanta ùr agus tha sinn toilichte gu bheil Bòrd na Gàidhlig a’ cur luach air misneachd choimhearsnachdan. Tha sinne dealasach don Ghàidhlig agus a cultar agus cumaidh sinn oirnn ag obair ann an co-bhanntachd le Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean is coimhearsnachdan gu h-ionadail.”

Thug Charlotte Wright, Àrd-oifigear Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, iomradh air aon de na raointean leasachaidh cudromach sa Phlana – mar as urrainn fàs ann an cleachdadh na Gàidhlig cur ri eaconamaidh na h-Alba. “A’ togail air an rannsachadh a rinn sinn ann an 2014, ‘Ar Stòras Gàidhlig’, tha sinn a’ cur ar làn-thaice ris na geallaidhean ùra seo gus leudachadh air na ceanglaichean eadar cànan is cultar agus fàs san eaconamaidh,” thuir i.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



“Tha seo gu h-àraidh cudromach do choimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig air a bruidhinn le cuid mhath den t-sluagh agus tha sinn ag obair còmhla riutha gus cothroman a chruthachadh airson daoine a thàladh is a ghleidheadh, gu h-àraidh daoine òga. Tha a’ Ghàidhlig a’ cur ris na cothroman obrach sna gnìomhachasan cruthachail, ann am foghlam, sna roinnean turasachd is dualchais, agus ann an roinn a’ bhìdh is na dibhe.

“Tha cothroman nach beag a’ nochdadh air sàillibh mar as urrainn don chànan cur ri fàs ann an eaconamaidh na sgìre. Tha sinn ag aithneachadh mar as urrainn don Ghàidhlig cur ri sgilean dhaoine, na sgilean obrach aca agus mar as urrainn don chànan daoine a mhisneachadh gu bhith ri barrachd obrach tionnsgalach agus tha sinn a’ coimhead air adhart ri bhith a’ cur taic ri adhartachadh na Gàidhlig ann an Alba.”

Thuirt an Comhairliche Fergal Dalton, Neach-labhairt Comhairle Baile Ghlaschu airson Chùisean

Gàidhlig: “Tha e a’ toirt toileachas mòr dhomh, às leth Comhairle Baile Ghlaschu, fàilte a chur air a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig ùr, gu h-àraidh mar a tha am Plana a’ cur prìomhachas air ionnsachadh mar mheadhan cudromach gus fàs a thoirt air a’ Ghàidhlig.”

“Tha am baile againn moiteil às an obair a tha sinn a’ dèanamh gus foghlam Gàidhlig a chur air adhart agus chunnacas àrdachadh mòr san iarrtas airson FtG sna beagan bhliadhnaichean a dh’fhalbh. Dh’fhosgail an dàrna bun-sgoil Ghàidhlig againn an-uiridh agus chaidh an naidheachd fhoillseachadh o chionn ghoirid gum bi fo-roinn de Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a’ fosgladh airson na teirm ùir san Lùnastal gus frithealadh air an iarrtas a th’ ann.”

“Chan eil ann ach seachdain bho bha sinn a’ dèanamh toileachas ris an naidheachd gur h-i Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu an sgoil stàite aig a bheil na h-ìrean-coileanadh as fheàrr ann an Alba.”

“S e baile ioma-chultarach a th’ ann an Glaschu agus tha a’ Chomhairle den bheachd gu bheil Gàidhlig mar phàirt de dhualchas a h-uile duine sa bhaile agus tha mar a tha FtG agus ionnsachadh na Gàidhlig a’ dol am meud air feadh a’ bhaile a’ sealltainn mar a tha daoine gu fad is farsaing a’ cur eòlas air agus ag ionnsachadh na Gàidhlig.”

Chuir an seinneadair ainmeil agus **Ceannard Fèisean nan Gàidheal, Art MacCarraig**, fàilte air amasan a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 cuideachd.

“Tha na h-ealain a’ toirt cothrom do dhaoine de gach aois Gàidhlig a chleachdadh,” thuirt e. “Tha na h-ealain a’ tarraing aire dhaoine chun a’ chànan agus bheir iad misneachd do chuid a dhaoine Gàidhlig ionnsachadh. Tha na h-ealain cudromach cuideachd a thaobh mar a tha iad a’ cur ri luach eaconamach na Gàidhlig, oir tha tòrr dhaoine ann a tha a’ faighinn cosnadh sna gnìomhachasan cruthachail.”

“S ann tro na h-ealain a tha tòrr dhaoine a’ cleachdadh agus a’ cur eòlas air a’ chànan agus tha na h-ealain a’ cur ri ìomhaigh na Gàidhlig aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta tro thachartasan agus na meadhanan. Tha mi a’ coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri diofar bhuidhnean gus cuideachadh le bhith a’ toirt a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig gu buil.”

CRÌOCH

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo cuiribh fios gu Bòrd na Gàidhlig:

Murchadh Moireasdan, Manaidsear Conaltraidh agus Thachartasan gu murchadh@gaidhlig.scot
07525 893 367/07500 016 960 neo 01463 225454 / oifis@gaidhlig.scot

Fios gu Neach-deasachaidh:

'S e raon-ùghdarras Bhòrd na Gàidhlig a bhith a' toirt taic do Ghàidhlig na h-Alba agus a bhith ga cur air adhart agus ga leasachadh ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta. 'S e an lèirsinn a th' againn gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd mar chànan brìghmhor is neartmhor agus i air a cleachdadh barrachd is i a' faighinn spèis ann an Alba an latha an-diugh sa bheil iomadh cultar is cànan.

Prìomh amas a th' againn 's e àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh agus na cothroman a th' ann do dhaoine an cànan a chleachdadh a chur am meud, a thuilleadh air ìomhaigh a' chànain agus a' chultair a thogail ann an Alba is thall thairis.

Tha sinn ag obair le iomadh buidheann poblach gus planaichean Gàidhlig ullachadh agus a chur an gnìomh, agus le buidhnean coimhearsnachd agus eile le bhith a' toirt seachad taic-airgid airson an cuid obrach agus phròiseactan, a thuilleadh air comhairle agus stiùireadh a thoirt do Mhinistearan na h-Alba agus do bhuidhnean eile a thaobh iomadh raon de leasachadh na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



Launch of the new National Gaelic Language Plan

The National Gaelic Language Plan 2018-2023 will be available from 3pm on Wednesday 28th March at <http://www.gaidhlig.scot/bord/the-national-gaelic-language-plan/>

The new National Gaelic Language Plan, which sets out the framework for the faster growth of the language across Scotland, has been launched today (Wednesday 28th March) at the Scottish Parliament.

The central purpose of the Plan is to encourage and enable more people to use Gaelic more often and in a wider range of situations. The key messages, aims, priorities and new commitments contained in the Plan all contribute to achieving this increased use of Gaelic. Principal amongst these are the following:

- Gaelic belongs to the whole of Scotland
- Promoting a positive image of Gaelic
- Increasing the learning of Gaelic; and
- Increasing the use of Gaelic

Welcoming the Plan **John Swinney, Deputy First Minister and Cabinet Secretary for Education and Skills** said "I am very pleased to launch this new National Gaelic Language Plan which reflects Gaelic's unique and important contribution to many areas of Scottish life. It is vital that we have clear agreed priorities and continue to work together to increase the numbers speaking, learning and using the language. I would like to commend Bòrd na Gàidhlig for the work they have done in completing this Plan and I look forward to the opportunities for innovation, co-operation and progress prioritised in the plan over the next five years."

The five-year plan is the result of a comprehensive consultation process with individuals, communities, Gaelic organisations, voluntary organisations, and public authorities. It is the third such plan to be produced by Bòrd na Gàidhlig - the public body with responsibility for the promotion and development of the Gaelic language in Scotland.

Allan MacDonald, Chair of Bòrd na Gàidhlig, said: "The National Gaelic Language Plan 2018-2023 is a plan for the development of Gaelic throughout the whole of Scotland. Appropriately in the Year of Young People, many of the priorities and commitments in the Plan are focused on increasing the number of young people learning and using Gaelic.

"Bòrd na Gàidhlig, with support from the Scottish Government and across the political spectrum, will work closely with partners and communities in rural and urban Scotland to promote the language. The opportunities for Gaelic to contribute to Scotland's economic growth through business, education, publishing, arts, literature, drama, media and music will be pursued and will ensure a positive long-term future for Gaelic."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



Amongst the priority areas for the next five years are:

- Initiatives targeting the use of Gaelic by young people
- Increasing the contribution Gaelic makes to the Scottish economy across different sectors
- Increasing the demand and provision for Gaelic education
- Developing Gaelic medium workforce recruitment, retention, training and supply
- Gaelic in the family
- Gaelic Language Plans developed and implemented by public bodies; and
- Promotion of the social, economic and cultural value of Gaelic

Among those welcoming the Plan was **Comhairle nan Eilean Siar (Western Isles Council)**. **Convener Norman A MacDonald** said: “Despite the challenges we face in terms of population, housing and jobs, the Comhairle has taken advantage of the many new opportunities which have arisen through government initiatives such as the Apprenticeship Scheme. This scheme encourages young islanders to earn whilst they learn and study for a degree in a subject which will be advantageous to them and to us in the future. The Comhairle also intends to participate in the Scottish Government’s Housing Scheme and we hope to see more houses being built in communities across the islands. Nearly three quarters of the land in the Western Isles is now in the hands of the community and over the past few years we have seen the impact that community ownership of land can have in terms of boosting people’s sense of identity and realising the importance of their own language and culture.

“The Comhairle welcomes the new National Plan and is pleased to see the emphasis Bòrd na Gàidhlig has placed on communities. We remain committed to supporting Gaelic and will continue to work in partnership the Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig in addition to local groups and communities.”

Charlotte Wright, Chief Executive of Highlands and Islands Enterprise, pointed to one of its key themes - the contribution increasing the use of Gaelic can make to the economy of Scotland. “Following on from the research we carried out in 2014, ‘Ar Stòras Gàidhlig’, we fully support the new commitments to increase the links between the language and culture and economic growth,” she said.

“This is particularly important in communities where Gaelic is spoken by a significant number of people and we are working with them to create opportunities to attract and retain people, in particular young people. Employment in the creative industries, heritage, tourism and food and drink sectors, and in education are all positively influenced by Gaelic.

“Considerable opportunities are arising from the language’s potential contribution in helping to drive economic growth in the region. We recognise the potential Gaelic has to increase people’s skills, their employability and the confidence to be entrepreneurial and we look forward to delivering our contribution to the growth of Gaelic in Scotland.”

Councillor Fergal Dalton, Glasgow City Council Administration Gaelic spokesman said: “I’m delighted, on behalf of Glasgow City Council, to welcome the new National Gaelic Language Plan and specifically the focus on learning as one of the key areas for growth.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



“Our city is a proud and active promoter of Gaelic education and we’ve seen a sharp increase in demand for GME over the last few years and saw the opening of our second Gaelic primary school last year and the recent announcement of the Glasgow Gaelic school annexe opening in time for the new school term in August to address demand.

“Just last week we were celebrating the news that the Glasgow Gaelic School is the top performing state school in Scotland.

“Glasgow is a diverse community and the Council believes Gaelic is part of all citizens’ heritage and the growth in GME and in Gaelic learning across the city shows how widely the language is embraced.”

Well-known Gaelic singer and **chief executive of Fèisean nan Gàidheal, Arthur Cormack**, also welcomed the aims of the 2018-23 National Gaelic Language Plan.

“Participation in the arts contributes to Gaelic use among people of all ages,” he said. “The arts raise awareness of the language and give some people confidence to learn Gaelic. The arts are also important in terms of Gaelic’s economic impact with many people earning a living through the creative industries.

“It is through the arts that many people engage with the language and are left with a positive image of Gaelic at local, national and international level through events and the media. I look forward to collaborating with various bodies to help implement the National Gaelic Language Plan.”

END

For further information please contact Bòrd na Gàidhlig:

Murdo Morrison, Communications & Events Manager at murchadh@gaidhlig.scot 07525 893 367 / 07500 016 960 or contact oifis@gaidhlig.scot / 01463 225454

Information for Editors:

The remit of Bòrd na Gàidhlig is to support, promote and develop the Gaelic language in Scotland and internationally. Our vision is that Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national cultural and economic asset.

We prioritise an increase in the numbers using Gaelic and increased opportunities for learning the language in addition to raising the profile of the Gaelic language in Scotland and internationally.

Bòrd na Gàidhlig works with public bodies in the preparation and implementation of Gaelic Plans and with community groups and others through providing project funding and provides advice and guidance to the Scottish Government Ministers and other agencies on the different aspects of Gaelic development